

An Cùbair Collach agus a' Chuibheall-Chnò: Sgeulachd à Tiriodh

DÒMHNALL EACHANN MEEK

Nuair a bha mise nam bhalach anns a' Chaolas, aig ceann an ear Eilean Thiriodh, anns na lethcheudan den linn a dh'fhalbh, bhithinn a' cluinntinn sgeulachdan Gàidhlig bho na 'seann daoine' anns an dachaigh. Bha Teàrlach, bràthair mo sheanmhar, gu sònraichte math air na sgeulachdan, agus cha robh nì a b' fheàrr leis na bhith gan aithris far am faigheadh e èisdeachd.

Teàrlach Dòmhnallach

Rugadh Teàrlach Dòmhnallach (*Teàrlach mac Eachainn Bhàin 'ic Dhòmhnaill 'ic Néill*) anns a' Chaolas ann an Tiriodh ann an 1874. B' esan an treasamh gille à còignear bhalach a rugadh do dh' Eachann Dòmhnallach agus a bhean Oighrig NicLeòid. Bha còignear chaileag anns an teaghlach cuideachd. Thug Teàrlach a-mach a chiùird mar shaor bhàtaichean air Chluaidh, agus, an dèidh dha a bhith na shaor anns an Transvaal ann an Afraca a Deas an dèidh dàrna Cogadh nam Boers, agus cuairt no dhà a chur do Chanada, chaidh e gu muir mar charpantair fad bhliadhnachan a' Chiad Chogaidh. Bha e a' seòladh do na dùthchannan Fada an Ear, agus bha e cho eòlach air Port Said agus Rangoon 's a bha e air a' Chaolas. An dèidh a' chogaidh, thill e don Chaolas airson greis, mus do thog e air do Chanada a-rithist, còmhla ri a phiuthar Annabel. Dh'fhuirich e fhèin is Annabel ann an Bhancùbhar gu 1949, nuair a thill iad le chèile don Chaolas airson a' chòrr dam beatha. 'S e duine air leth laghach, aighearach, sùnnach a bha ann an Teàrlach, luma làn naidheachdan is sloinntireachd is fiosrachaidh. Bha e na fhìor dheagh charaid dhòmhsa nam òige, agus an do chaochail e gu h-obann ann an 1960.¹

Bha ùidh mhòr aig Teàrlach ann an dualchas na Gàidhlig. Nuair a bha e ann an Glaschu a' toirt a-mach a chiùird, bhiodh e a' frithealadh Cèilidh nan Gàidheal, agus tha a h-uile coltas ann gun do bhrosnaich sin e gu bhith a' triseadh beul-aithris is sgeulachdan, gu sònraichte ann an Tiriodh. Rinn e cruinneachadh luachmhor de sheanfhaicail, agus chuir e sgeulachd no dhà air pàipear a tha air an tasgadh agamsa. Cha robh Teàrlach idir math air Gàidhlig a sgrìobhadh, ach rinn e mar a b' fheàrr a b' urrainn dha leis an ionnsachadh a fhuair e anns an sgoil ann an Rubhaig mus deachaidh e an ceann a chosnadh. Mar a tha fianais làmh-sgrìobhainnean nan seanfhacal a' soilleireachadh dhuinn, dhèanadh e fhèin ciad oidhirp air an sgrìobhadh, agus an sin bheireadh e na duilleagan do sgrìobhaichean a bha na b' eòlaiche air litreachadh na Gàidhlig na bha e fhèin. Nam measg-san bha m' athair, Eachann MacDhòmhnaill Meek (1906–1984), a rugadh anns an Eaglais Bhric, ach a chaidh do Thiriodh ann an 1913, agus a dh'ionnsaich a' Ghàidhlig gun dragh sam bith. Bha m' athair fìor mhath air a' Ghàidhlig a sgrìobhadh, agus 's e a làmh-san a rinn an 'dreach glan' de sgeulachd a' Chùbair Chollaich a tha mar bhunait don deasachadh seo. Dh'innis m' athair dhomh uair no dhà mar a bhiodh e a' cuideachadh Theàrlaich mar chlàireach nuair a bha e na dhuine òg, agus saoilidh mi, bho choltas an sgrìobhaidh, gun do sgrìobh e an dreach seo mu 1920.

¹ Airson iomradh air a bheatha, faic Dòmhnall Eachann Meek, *Seòl mo Bheatha: Turas eadar Croit is Eilean is Oilthigh* (Inbhir Nis: Clàr, 2019), 31–34 agus 123–126; agus Donald E. Meek, *A Croft in Caolas: A Tìree Holding and its People 1770–2020* (Falkirk: Leabhraichean Tirisdeach – Tìree Books, 2021), 101–108.

Bha Magaidh, piuthar Theàrlaich, a bhràthair Dòmhnall, agus a phiuthar-chèile Mòr, a bha a' fuireach anns an t-seann dachaigh, den bheachd nach robh aig Teàrlach ach 'barraghloir', agus gu math tric 's e sin a bh' aige – sgeulachdan beaga èibhinn gun mòran brìgh. Ach uaireannan eile bhiodh e ag aithris sgeulachdan fada, mar a bu trice mu 'ghaisgich' no mu thachartasan a bhuineadh do na h-eileanan a b' fhaisge air Tiriodh, 's e sin Colla is Muile, a bha air an ceangal gu dlùth ri chèile tro na linn-tean. Corra uair bhiodh a mhac-meanmna fhèin a' sgeadachadh na seann naidheachd agus ga h-ùrachadh airson na linn san robh e beò. A bharrachd air sin, bhiodh e a' cruthachadh naidheachdan, agus is tric a bhuail e orm gum faodadh e a bhith gur h-e Teàrlach fhèin a chruthaich an sgeulachd seo mun Chùbair Chollach. Ge bith cò a thug tùs is toiseach dhi, chuir Teàrlach a dhreach fhèin air an aithris. Bha fìor mheas aige oirre, agus chuala mi fhìn e ga h-innse uair no dhà. Cha robh e gann de sgeulachdan eile mun Chùbair Chollach, a chionns gun robh cleasan a' Chùbair a' còrdadh ris gu mòr, mòr, ach b' e seo an aon tè dhiubh a mhair ann an riochd sgrìobhte.

An Cùbair Collach

Cò a bha anns a' Chùbair Chollach? Tha Maclean Sinclair a' toirt an iomraidh seo air:²

Alexander Maclean, An Cùbair Colach, was born in Coll. He was an expert seaman. He was a cheerful companion and was highly respected. He was married and had two sons, Robert and John, and also two daughters. He died in Coll about 1838. His wife and children emigrated to Australia about 1842. One of his sons, John, settled in New Zealand.

Tha Maclean-Bristol ag innse dhuinn gun robh e beò eadar 1776 is 1822, agus gun robh e a' fuireach an toiseach anns an Achadh agus an sin anns an Laig Mhòir, agus gun deachaidh a bhean agus a theaghlach do dh' Astràilia ro 1841.³ Tha e ag aideachadh gun robh e, ma dh'fhaodte, an sàs ann an aiseag mì-laghail an uisge-bheatha ('perhaps a smuggler'), agus gu math measail air na caileagan. Tha Maclean-Bristol, mar as dual, a' toirt dhuinn mion-fhiosrachadh air mar a chaidh an Cùbair a tharraing fa chomhair Seisean na h-Eaglais ann an Colla, 's e fo amharas airson adhaltranais, ged nach eil e idir na chomas an fhianais shusbainteach Ghàidhlig a làimhseachadh.⁴

Tha Maclean Sinclair a' tairgsinn dà òran Gàidhlig a rinn an Cùbair, agus ceathramhan a chuir e ri òran eile.⁵ Ann an aon dhiubh sin, tha am bàta a b' àbhaist a bhith aig a' Chùbair, *Struilleag*, ga thagradh airson cùl a chur rithe, agus a ghaol a thoirt do thè eile. Tha e soilleir gu leòr bhon òran sin gun robh *Struilleag* eòlach air cùl-mhùtaireachd a' Chùbair, agus gun robh iad le chèile a' siubhal eadar Innis Eòghainn ann an Èirinn agus eileanan siar na h-Alba leis na buidealan. Bha i deònach cuairt eile a ghabhail 'a dh' iarraidh 'n Tòisich'.⁶

Gu fortanach, chuir deagh Chollach, Eachann MacDhùghaill (1889–1954), a bha mion-eòlach air dualchas Gàidhlig an eilein, cuid de dh'euchdan a' Chùbair air pàipear mus deachaidh iad air dìochuimhn' buileach.⁷ Tha MacDhùghaill a' daingneachadh dhuinn gur h-ann ri malairt mhì-laghail

² Alexander Maclean Sinclair, *Na Bàird Leathanach: The Maclean Bards*, vol. 2 (Charlottetown, P. E. I.: Haszard & Moore, 1900), 8.

³ Nicholas Maclean-Bristol, *From Clan to Regiment. Six Hundred Years in the Outer Hebrides: 1400–2000* (Barnsley: Pen & Sword Military, 2017), 401, 715.

⁴ Maclean-Bristol, *From Clan to Regiment*, 401, 442.

⁵ Maclean Sinclair, *Na Bàird Leathanach*, 8–17.

⁶ Maclean Sinclair, *Na Bàird Leathanach*, 11–13.

⁷ Eachann MacDhùghaill, 'An Cùbair Collach: Bàrd Leathanach agus Collach Ainmeil', *Transactions of the Gaelic Society of Inverness* 41 (1951–52), 47–67.

an uisge-bheatha a bha an Cùbair nuair a bhiodh e a' cur chuairtean do dh'Èirinn anns an t-*Struilleig*. Bha a' mhòr-chuid de na naidheachdan mun Chùbair ag innse mar a bhiodh an gàidsear air a thòir anns an iùbhraich-chusbainn, agus mar a bhiodh e fhèin is *Struilleag* gu tric ann an cruaidh-chàs – gus am faigheadh iad dòigh air dol às air long a' ghàidseir. Am measg nan sgeulachdan a chuala Eachann MacDhùghaill, bha aithris den dearbh sgeulachd aig Teàrlach Dòmhnallach, agus nì sinn coimeas eadar an dà aithris anns an sgrùdadh seo.

Bha sgeulachdan mu na gàidsearan, agus gu sònraichte mu gach caol-theàrnadh a bha aig luchd nam briuthas agus nam poitean dubha nuair a thigeadh iad air an tòir, gu math cumanta ann an Tiriodh agus anns na h-eileanan eile nuair a bha mi fhìn nam bhalach. Ged a bha iomadh cleas ga cleachdadh an aghaidh nan gàidsearan, cha robh 'gaisgeach' idir ann a bheireadh bàrr air a' Chùbair Chollach agus air *Struilleig* anns an ealain sin. Ach ciamar a bha esan cho ealanta air teicheadh is dol am falach bhon ghàidsear? An robh eòlas dìomhair air choreigin aigesan seach daoine eile? Sin a' cheist a tha an sgeulachd aig Teàrlach Dòmhnallach a' freagairt.

Sgeulachd a' Chùbair Chollaich agus na Cuibhle-chnò

Seo an aithris aig Teàrlach Dòmhnallach, a tha fon ainm 'Sniomh Sìomain' anns an làmh-sgrìobhainn:⁸

Tha snìomh sìomain, mar a tha iomadh nì math Gàidhealach eile, an dèidh dol à cleachdadh. Bha a dhòigh fhèin aig gach ceàrn air sìoman a shnìomh – cuid le fraoch, cuid le muran, agus pàirt le luachair; ach san àite às an tàinig mise, b' ann le connlach ghlan choirce a bha e air a dhèanamh. Bha na sguaban air am bualadh, 's a' chonnalach air a glanadh – a h-uile sop cho glan ri coinneal – is an sin air a cheangal na ghiobagan, deas gu dol san t-sìoman. Chan eil feum dhomh an còrr innse mu shnìomh an t-sìomain; chunnaic a' chuid mhòr agaibh mar a bha e air a dhèanamh; mura faca, b' eòlach ur seanair air an obair seo.

Bha e na chleachdadh aig na Gàidheil a bhith a' cuideachadh a chèile san oidhche nuair a thòisichadh an snìomh, agus mar tha fios agaibh, bha na sgeulachdan a' dol mun cuairt. Bha a' chiad naidheachd air Fear an Taighe, ach ged nach robh na b' fheàrr air an t-snìomh, cha robh Eachann còir ro mhath air na naidheachdan.⁹

B' e Fear Ghreasamuil a thòisich an toiseach air an oidhche seo.¹⁰ Ors' esan, 'Chan eil fhios agam fhèin gu dè bheir mi dhuibh. Tha na naidheachdan an-diugh aig a h-uile duine air an teangaidh. 'S ann aig an fhoghlam fhèin a tha an t-urram – cloinn bheaga san sgoil, nach ann a ghearradh iad romham. Tha cuid a phàrantan an-diugh a' gabhail dòigh nan cuthagan air clann àrach, is gheibh iad fhèin faochadh mar a dh'fhàgas iad an sealladh.¹¹ Feumaidh duine a bhith cinnteach nach dèan e mearachd facail nam measg.

'Bha mi an-diugh fhèin sa bhaile mhòr is thàinig bàta na smùid a dh'ionnsaigh a' cheidhe, is chaidh mi air bòrd, is chunnaic mi rud a chuir iongantas mòr orm. Bha

⁸ Anns an deasachadh a rinn mi den sgeulachd, dh'atharraich mi litreachadh m' athar gu modh-litreachaidh a tha nas fhaisge air cleachdaidhean an là an-diugh, agus rinn mi sgioblachadh beag an siud 's an seo, ach ghleidh mi am blas Tirisdeach air feadh na sgeulachd.

⁹ Is cinnteach gu h-e 'Eachann' athair Theàrlaich – Eachann Bàn, mar a theirte ris – agus gu bheil an sgeulachd mar gum biodh i ga h-innse anns an taigh a thog e ann an 1891, 's e sin 'Coll View'. Chaochail Eachann ann an 1924.

¹⁰ 'S e eilean beag faisg air cladaich a' Chaolais a tha ann an Greasamul.

¹¹ Tha 'mar' air a chleachdadh gu cumanta airson 'nuair' ann an dual-chainnt Thiriodh.

sraingeannan caola copair an ceangal ri greallaig aig gach ceann eadar an dà chrann. Cha robh mi a' tuigsinn idir gu dè a bha iad air a shon.

'Thuirt mi ri Dòmhnall Dhùghaill, "Gu dè an innleachd ùr a tha agaibh an seo? An e solas a tha sibh a' dol a dhèanamh air an toit leis na sraingeannan a tha an ceangal eadar na cruinn agaibh?"

'Sin agad,' orsa Dòmhnall, 'an *wireless*, agus ma tha thu airson beannachd a chur a dh'ionnsaigh do leanainn ann an Glaschu, gheibh thu freagairt air ais mum bi am bathair a-mach againne.'

'Cha leig mise a leas,' fhreagair mi, 'tha mo leanann aig an taigh an-dràsda. Air a shon sin fhuair mi cairt phuirt bho Mhairead Anna an-dè, 's bha mi airson an comain a thilleadh air ais. An dèan an innleachd seo an obair gun dad?'

'Cha dèan,' orsa Dòmhnall. 'Coisich, agus faic mar a tha e ag obair.' Dh'fhalbh sinn, is chunnaic is chuala mise na putain 's na cnagannan a' snagail; thug e nam inntinn a' chuibheall-chnò a bh' aig a' Chùbair Chollach;¹² ach bha am bàta a' falbh, agus b' èiginn dol gu tìr.

'Tha mi a-nise a' dol a thoirt dhuibh naidheachd na cuibhle-chnò. B' e an Cùbair Collach a' chiad mharaiche a tha eachdraidh ag innse dhuinn a dh'ionnsaich 's a dh'obraich an innleachd-sith seo ris an abair iad an-diugh an *wireless*. B' e duine ainmeil a bh' anns a' Chùbair na latha. Tha iad ag ràdh gun robh a' bheairt dhìomhair seo aige fo mhaide-sàil a' chruinn ann an *Struilleag* – b' e seo ainm a bhàta.¹³

'Nuair a thogadh an gaidsear an t-acair, gam bith àite sam bitheadh e, dh'fhòghnadh don Chùbair sealltainn air sàil a' chruinn, 's bhiodh fios aige air a h-uile tac a chuireadh an gaidsear air a bhàta ceart cho math 's ged robh e air bòrd innte. Mar a bhiodh an Cùbair an Eilean Mhanainn no an Èirinn le *Struilleag*, bhiodh fios aige air a h-uile cuartachadh aig bàta a' ghàidseir sa Chaol Channach ceart cho math 's ged robh e na shuidhe air buaile bheag san Eilean Chollach a' coimhead oirre, chionn fhuair e sanas dìomhair aig a' bheairt.

'Bha an Cùbair latha sònraichte a' tighinn à Èirinn, is aig Ùlastac¹⁴ thàinig an sruth na aghaidh, is dhlùthaich e ris a' chreig a' fuireach ris an t-seòl-mhara. Bha latha maiseach ann, an cuan cho rèidh ri gloinne. Bha glaca an sin le lòn na bhràighe, 's gruagach-mhara a' cìreadh a gruaige a bha a' deàrrsadh sa ghrèin cho buidhe ri òr. Bha i an sàs; cha b' urrainn di siud fhàgail – creag os a cionn, agus an Cùbair eadar i agus an cuan farsaing. Sheall an dithis air a chèile.

'Tha latha math ann,' ors' an Cùbair. 'Tha,' ors' ise. 'Nach eil thu a' faotainn do chuid fhèin dheth?' 'Tha,' fhreagair mo laochan, an Cùbair, 'agus gheibh mi thusa

¹² Ann an Tiriodh, b' e 'cuibheall-chnò' ball-cluiche a bhiodh aig pàisde le cnò agus toll na meadhan, dealg a' dol tron toll, agus cnap buntata air ceann ìosal na deilge. Bhiodh sraing ga cur mun dealg, agus nuair a chumadh tu a' chnò san dàrna làimh agus a shlaodadh tu an t-sraing leis an làimh eile, thionndaidheadh an cnap gu luath air ais 's air adhart. An seo chan eil ann ach far-ainm èibhinn airson *wireless*. A rèir na sgeulachd, bha cnò gu h-àrd is cnò gu h-ìosal air crann bàta a' Chùbair Chollaich.

¹³ B' e seo cuideachd ainm 'bàta na cèilidh' o shean, 's i a' riochdachadh sgeulachd. 'Cuiream *Struilleag* seachad orm gu...', theireadh an sgeulaiche aig deireadh sgeòil.

¹⁴ Tha a' chreag seo ceithir mìle mu dheas air an Sgeir Mhòir, faisg air, no co-ionann ri, MacKenzie's Rock. Faic www.tireeplacenames.org fo *Ùlastac*; agus John Holliday, *Longships on the Sand: Viking and later medieval settlement on the island of Tiree*, 2nd edn (Tiree: An Iodhlann Press, 2021), 665–666.

cuideachd.’ ‘Cha dèan thu sin idir,’ ors’ a’ ghruagach. ‘Cha do ghlac duine riamh roimhe mise, agus cha chreid mi gur tusa a’ chiad fhear a nì e.’ ‘Chan eil fhios a’ m air sin,’ thuirt an Cùbair.

‘A bheil thu a’ faicinn nan daoimean fada a tha san lòn agus cnò air gach tè dhiubh?’ ‘Tha,’ ors’ an Cùbair. ‘Sin agadsa, matà, innleachd a bheir dhòmhsa fios mar a bhios nì sam bith a’ tighinn dlùth, ach an-diugh cha do chuir mi air dòigh iad. Bha mi a’ smaointinn nach tigeadh nì a chuireadh dragh orm san àit’ iomallach seo, ’s dh’fhàg sin mi air mo mhealladh.’

‘S math a fhreagradh e orm fhèin,’ ors’ an Cùbair, ‘airson gum biodh fhios agam mar a bhiodh an gàidsear às mo dhèidh. ‘Nan do chuir mise,’ ors’ a’ ghruagach-mhara, ‘tè de na cnothan air a’ chreig, thug i rabhadh dhomh mar a bha thusa a’ tighinn ceart gu leòr, ach cha ghabh sin leasachadh a-nis.’

‘Bheir mi leam thu fhèin, na daoimein, is na cnothan,’ ors’ an Cùbair. ‘Cha dèan thu sin idir, ach ionnsaichidh mi dhuit àbsaidh dhìomhair nan cnothan, is tog leat iad. Seo agad mar a tha. Mar a gheibh thu S.O.S., sin agad “Seall-Obann-Sgoth”; B.G., “Bàta Gàidseir”; G.S., “Gabh Sanas”; G.O., “Greas Ort”, ’s mar sin air aghaidh.’ ‘Tha mi a’ tuigsinn,’ ors’ an Cùbair. ‘Is mar a chuireas tu cnò ann am mullach is tè fo shàil a’ chruinn, bidh fhios agad ann am mionaid air a h-uile àite sam bi bàta a’ ghàidseir. Cha bheir e ort gu bràth, agus a bharrachd air a sin, tha na daoimein sin fosgailte nam broinn, agus ma nì thu mar a dh’innis mi dhuit, seòlaidh tu an cuan gun eagal, gun chùram, an latha nach feuch bàt’ eile a-mach.’

‘Am faod mi do chreidsinn?’ ors’ an Cùbair. ‘Tha a h-uile nì a tha mi ag innse dhuit fìor,’ ors’ a’ ghruagach. ‘Ma nì sinn còrdadh,’ ors’ an Cùbair, ‘bu ghasda leamsa dual ded fhalt buidhe, bòidheach.’ ‘Gheibh thu sin,’ ors’ ise, is thagh i badan dha. Mar a dh’innis i don Chùbair a h-uile nì mar a dhèanadh e, leig e leatha plub a thoirt dhi fhèin don fhairge.

Cha do chaill an Cùbair mòran tìm. Chuir e a’ chuibheall-chnò air dòigh, tè ann am mullach is tè fo shàil a’ chruinn, is mar a ruigeadh e tìr, bha e na inntinn na daoimein a chur air dòigh. Dh’fhàg e Ùlastac, ’s mar a bha e dlùth air Sgeir Mhòr nan Ròn, thug a’ chnò-mhullaich an dara-rant ud aiste, ’s fhreagair an tè ìosal i. Sheall an Cùbair roimhe. Ceart gu leòr, dè a chunnaic e ach bàta a’ ghàidseir. Cha do rinn a’ ghruagach breug. Bha an innleachd mar a thubhairt i. Chùm an Cùbair an sgeir eadar an dà bhàta, gus an deach iad à sealladh a chèile, agus bha e anabarrach toilichte mar a bha na cnothan a’ dèanamh. Mar a ràinig e dhachaigh, chuir e na daoimein air dòigh mar bu chòir.

Cha robh ann an *Struilleag* ach bàta beag gun mòran àite ri sheachnadh mar a bhiodh luchd innte. Chuir an Cùbair sreath bhuideal air gach taobh, aon san toiseach is aon san deireadh, mar a dh’àithn a’ ghruagach-mhara, a cheart dòigh ’s mar a tha na dìonagan¹⁵ ann am bàtaichean nam beatha¹⁶ air an latha an-diugh. Chuir e ceann daoimein anns gach buideal, is an ceann eile air chrochadh far beul a’ bhàta. Mar a bhiodh *Struilleag* a’ plubail, leumadh steall de dh’uisge-beatha a-mach don fhairge, agus, rud glè annasach, chuireadh an stuth prìseil sìth air a’ chuan bhorb. Mar a bha an cuan doirbh, cha robh ach na daoimein a chur air rathad sam bith air an tigeadh an

¹⁵ *Buoyancy aids*, is dòcha.

¹⁶ *Lifeboats*.

fhairge, agus cha robh fairge no gaoth riamh tuilleadh às a dhèidh a thill *Struilleag*. Mar a bhiodh bàta a' ghàidseir ga bàthadh is ann an impis dol fodha, bhiodh *Struilleag* a' dèanamh latha math dheth, agus fhathast cha do chuir an gàidsear an sàs an Cùbair.

Cha robh feum aig a' Chùbair air ùilleadh¹⁷ tuilleadh nuair a chuir e air dòigh a' chuibheall-chnò. Dhèanadh e ceò uair sam bith a thoilicheadh e fhèin, ceò [cho] dealbhach 's cho nàdarra ri ceò a chunnaic sibh riamh. Dileag bheag de dh'uisge-beatha a chur an siud 's an seo air an fhairge, is sradag a chur ris le cruaidh-spor, 's cha do dh'fhailc na lusan iad fhèin riamh ann an ceò samhraidh cho àlainn ris an dealt liath-ghorm a dh'èireadh far na fairge. 'S lìonmhor latha a ghabh an gàidsear eagal a ghonaich¹⁸ leis a' cheò a rinn an Cùbair airson a mhealladh.¹⁹

Aithris Eachainn MhicDhùghaill

Seo an sgeulachd mar a tha i againn bho sgrìobhadh Eachainn MhicDhùghaill:²⁰

Innsidh mi an nis dhuibh mar a bha e air a ràdh a fhuair an Cùbair a' bhuaidh shònraichte leis an robh e a' faotainn as ar an iùbhraich-chuspuinn. Is cinnteach nach 'èil ann ach faoin sgeul, ach bha i air a h-innseadh mar fhìrinn: mar sin, ma's breug bhuam i bu bhreug chugam i, mar a theireadh na rò-sgeulaichean. Innsidh mi dhuibh mar a fhuair mi an naidheachd an toiseach cuideachd. Bha mi air bàta MhicBhriuthainn 's mi an dara cuid a' falbh no a' tilleadh aig àm mo chuairt shamhraidh. Bha Tirisdeach 'nam chuideachd, is bha seanachas againn. 'A bheil fhios agad, an nis,' arsa esan, 'gur e fear-dùthcha dhut fhèin a fhuair am mach innleachd an *wireless* is an *smoke-screen* an toiseach?' Is e àm cogadh a' Chaisear a bha ann, agus bha aire mhór air a thoirt do'n dà innleachd àraidh so aig an àm. 'Chan eil,' arsa mi féin, 'nach feàrr dhuit innseadh dhomh.' 'Nì mi sin,' arsa esan, is theann e ris an rò-sgeul so (nach eil mi ag iarraidh oirbhse a chreidsinn) innseadh dhomh. B' e an Cùbair Collach gaisgeach na rò-sgeul.

Bha an Cùbair air a shlighe á Eirinn le luchd uisge-bheatha is dibheannan eile aige fo thobhtaichean *Struilleag*, oir is cinnteach gur i a bha aige, agus thàinig e a staigh air fàire ri leth-oir na Sgeire-mhóire an uair a bha am feasgar ag ciaradh. Cha robh e air mhiann tighinn na b' fhaisge do fhonn tìre gus an tigeadh an dorchas, agus theann e ri luingearachd mu'n Sgeir-mhóir gus an dèanadh a' ghrian nead dhi fhéin anns a' Chuan an Iar. Dìreach an uair a bha a' ghrian a' dol as an t-sealladh, is an Cùbair leis a' bhàta ag gearradh seachad air Ulastac, cnap mór creige a bha dlùth air an fhìor Sgeir-mhóir, ciod air an do rug a shùil ach gruagach-mhara, is i cho trang a' sliogadh a gruaige is ga cur féin an uidheam sùgraidh 's nach fhaca i ciod a bha a' tighinn oirre gus an d'fhuair i i fhéin an teann ghlacaibh a' Chùbair. Dh'fheuch i ri faotainn as air, ach aon uair 's gun d'fhuair an Cùbair 'na ghlacaibh i, cha b' e an sùgradh faighinn as a làmhan. 'Leig as mi,' arsa ise ann an deagh Ghàidhlig nan Eileanan, 'agus bheir mi dhuit nì sam bith a dh'iarras tu, 's a tha nam chomas a thoirt dhuit. 'Thoir dhomh,' arsa an Cùbair, 'innleachd is eòlas leis am faigh mi as air an iùbhraich-chuspuinn, oir tha i air mo thòir gun tàmh.' 'A bheil thu ag iarraidh ach

¹⁷ Am facal Tirisdeach airson 'ola'.

¹⁸ Gnàths-cainnte cumanta Tirisdeach a' ciallachadh 'eagal a bheatha'.

¹⁹ Anns an làmh-sgrìobhainn tha Fear Ghreasamuil a' cumail air le sgeulachd eile mun sgiobair Tirisdeach ainmeil, Dòmhnall MacFhionghain, agus mar a bhuannaich e Rèis Mhòr na Tì ann an 1866 leis an *Taeiping*.

²⁰ MacDhùghaill, 'An Cùbair Collach', 49–51. Tha litreachadh MhicDhùghaill air a chumail mar a bha e.

sin?’ arsa ise, ‘na’n d’ innis thu sin dhomh an toiseach, cha leiginn-sa a leis mi fèin – no thusa na’s mò – a shàrachadh anns an iomairt so.’

Chuir i an sin sìos a làmh fhinealta ghrinn gu ruig a crios, is thug i am follais sporan beag airgidach a bha aice an crochadh ris. Dh’fhosgail i an sporan is thug i am mach an dà chnò-mhàchair,²¹ agus toll anns gach té dhiubh, is shìn i sud dhà, is thug i an seòladh seo dhà air mar a bha e ri an cur gu feum. ‘An uair a shaoileas tu gu bheil an iùbhrach-chuspuinn dlùth, no amharus agad gu bheil i anns a’ choimhearsnachd, cuir dileag bheag de’n uisge-bheatha a tha agad daonnan fo dhìon innte, cuir teine ris, is cuir aon de na gilleas suas do’n chrann leatha. Togaidh sin toite mu’n cuairt ort air chor is nach faiceadh sùil an fhìor-eòin fèin d’ iùbhrach. Aig a’ cheart àm ceangail a’ chnò eile aig bonn a’ chroinn is cuir fèin no aon-eigin eile cluas rithe is èisd. Innsidh a’ chnò dhuit far a bheil an iùbhrach-chuspuinn, is cha bhi strì sam bith agad a seachnadh!’

Co dhiubh a chreid no nach do chreid an Cùbair aig a’ cheart àm gu’m biodh stàth sam bith dha anns an dà chnò-mhàchair, leig e cead a coise (no a h-earbail!) do’n ghruagach-mhara, is thug ise an doimhneachd oirre le guth tiamhaidh.

Ach bha èifeachd anns na cnothan, agus is ann annta a bha, is ri mhaireann beò ’na dhèidh sin, cha do rugadh air a’ Chùbair is cha d’fhuair an iùbhrach-chuspuinn uiread agus sealladh air *Struilleag*, gun tighinn air faotainn an uisge na stiùrach dhi.

An dà aithris air an coimeas ri chèile

Tha suidheachaidhean agus prìomh phearsachan na sgeulachd co-ionann anns an dà aithris, ach tha eadar-dhealachaidhean eadar an dà iomradh. Seallaidh sinn an toiseach air na puingeas anns a bheil an dà aithris ann an co-sheirm ri chèile, agus seallaidh sinn an sin air na puingeas a tha deifirichte.

Tha an leagail aig Eachann MacDhùghaill (EM) a’ dearbhadh dhuinn gur h-e sgeulachd Thirisdeach a tha againn an seo, ged a tha an cuspair a’ buntainn do Cholla. Cha chuala EM riamh i gus an deachaidh a h-innse dha le Tirisdeach air aon de bhàtaichean Mhic a’ Bhriuthainn nuair a bha e air thuras do eilean àraich. Is truagh nach d’ innis e dhuinn cò an Tirisdeach a bh’ ann. Bha Teàrlach Dòmhnallach (TD) glè eòlach air EM, ach chan urrainn dhuinn a bhith cinnteach gur h-e a thug an naidheachd do dh’EM. A chionns gu bheil an dà aithris eadar-dhealaichte, is coltach nach e. Feumaidh sinn a thuigsinn, ged tha, gun do sgriobh EM an aiste aige faisg air dà fhichead bliadhna an dèidh dha sgeulachd a’ Chùbair a chluinntinn an toiseach, agus gur h-e geàrr-chùnntas a tha e a’ toirt dhuinn seach leagail iomlan. Chaidh an aithris aig TD a chur air pàipear uaireigin mu 1920, agus ro 1924 aig a’ char as anmoiche.

Tha an aithris aig EM cuideachd a’ daingneachadh dhuinn gur h-ann aig àm a’ Chiad Chogaidh, agus is dòcha fo bhuidh a’ chogaidh sin, a chaidh an sgeulachd a chruthachadh anns an riochd seo. Thàinig cleachdadh an *wireless* agus an *smoke-screen* gu aire dhaoine aig an àm sin. Tha an aithris aig TD nas mionaidiche ann a bhith ag ainmeachadh a’ ghairm-èiginn SOS, a bha air a stèidheachadh gu h-oifigeil air a’ chiad latha den Iuchar 1908, agus a bha air a chleachdadh an toiseach anns an Lùnasdal 1909.²² Tha am *Morse Code* air chùl a’ mhìneachaidh air sanasan na cuibhle-chnò anns an aithris aig TD, far a bheilear a’ dèanamh fealla-dhà mun àbsaidh neònach seo. Ged a tha an Cùbair

²¹ No ‘cnò-bhàchair’, *molucca bean*.

²² Peter Kemp (ed.), *The Oxford Companion to Ships and the Sea* (Oxford: Oxford University Press, 1988), 816.

Collach, mas fhìor, air thoiseach air na h-uile le bhith a' cleachdadh nan innleachdan seo, tha e follaiseach gu bheil iad air an ceangal ris an dèidh làimhe aig àm sònraichte ann an eachdraidh an t-saoghail. Tha sin a' sealltainn gun robh an Cùbair Collach fhathast beò mar 'ghaisgeach' ann an cuimhne cuid a Thirisdich aig toiseach na ficheadamh linn, agus gun robh sgeulachdan ùra ma dheidhinn fhathast gun cruthachadh, no gun robh seann sgeulachdan gan ath-nuadhachadh le luchd-aithris a bha eòlach air cuid de dh'innleachdan ùra an t-saoghail an dèidh 1908.

A thaobh nan eadar-dhealachaidhean, tha e soilleir gu bheil an aithris aig TD mòran nas fhaisge air modhan-labhairt nàdarra an sgeulaiche na tha an aithris aig EM. Tha an suidheachadh-aithris air a chur an cèill gu snasail aig TD. Tha an sgeulaiche no aon den luchd-obrach a tha a' snìomh sìomain ann an 'taigh Eachainn' ('s e sin athair TD), agus 's ann a thoirt aotromachadh air an obair dhriheil sin a tha na fìr le bhith ag innse sgeulachdan. Mar sin, chan ann anns na taighean-cèilidh a-mhàin a bhiodhte ag aithris naidheachdan den t-seòrsa seo. Chan eil soilleireachadh air an t-suidheachadh-aithris anns an leagail aig EM idir, a bharrachd air an iomradh air bàta Mhic a' Bhriuthainn.

Anns an aithris aig TD, tha e furasda gleusan an sgeulaiche a chluinntinn tron aithris gu lèir. Tha na còmhraidhean uile siùbhlach, aotrom, aighearach, bhon iomradh-thoisich a rinn Fear Ghreasamuil agus Dòmhnall Dhùghaill mun *wireless* air a' bhàta aig ceidhe Thiriodh gu deireadh na sgeòil, le cabaireachd èibhinn, m.e., eadar a' ghruagach-mhara agus an Cùbair, nuair a tha ise ag ràdh, 'Nach eil thu a' faotainn do chuid fhèin dheth?', a thaobh an latha mhaith. Tha fuaimean air an riochdachadh gu grinn cuideachd, m.e., nuair a tha a' ghruagach-mhara a' falbh, 'leig e [an Cùbair] leatha plub a thoirt dhi fhèin don fhaire'. Tha cùbhraidheachd a' cheò a rinn an Cùbair air a chur an cèill gu snasail: 'cha do dh'fhailc na lusan iad fhèin riamh ann an ceò samhraidh cho àlainn ris an dealt liath-ghorm a dh'èireadh far na faire'.

Tha an aithris aig TD a' toirt fada barrachd mìneachaidh dhuinn na cùnnatas EM air na h-annasan a fhuair an Cùbair bhon ghruagach-mhara, agus air an dòigh anns an d'fhuair e iad. Chan eil am mìneachadh aig TD coileanta, ged tha, oir chan eil e buileach soilleir dè a tha anns na 'daoimein' a tha an Cùbair a' faotainn bhon ghruagach-mhara, no ciamar a tha iad ag obair ann a bhith a' cur an uisge-bheatha air na tuinn. Tha a' chuibheall-chnò na h-annas cuideachd, agus chan eil fhios ciamar a tha i fhèin agus na daoimein a' freagairt air a chèile, ach ann an sgeulachd den t-seòrsa seo, cha bhiodh feum air mìneachadh iomlan idir. Lìonadh mac-meanmna an luchd-èisdeachd na beàrnan, agus thuigeadh iad gu ro-mhath gun robh tomhas mòr de dh'fhealla-dhà anns an naidheachd gu lèir. Chan fheumadh iad an rabhadh aig EM nach bu chòir dhaibh an sgeulachd seo a chreidsinn. Dhèanadh iad iomadh gàire cridheil am feadh 's a bhiodh i ga h-innse, agus dhealaicheadh iad rithe ann an deagh shùnn.

Agus dhealaich mise rithe...

'S ann ainneamh a gheibh sinn an cothrom sgeulachd Thirisdeach a leughadh mar a bha i air a h-aithris aig toiseach na ficheadamh linn, nuair a bha an dualchas sin fhathast làidir ann an Tiriodh, agus sgeulachdan fhathast gan cruthachadh anns an eilean, mar a bha an naidheachd seo fhèin, a rèir choltais. Mar sin, 's e ulaidh phrìseil da-rìribh a tha anns an làmh-sgrìobhainn a rinn m' athair den aithris aig bràthair a mhàthar, Teàrlach Dòmhnallach. Chaidh a gleidheil gu cùramach ann am pàipearan an teaghlaich gus an tàinig i thugamsa mar am fear mu dheireadh a bha eòlach air an sgeulaiche.

Bhithinn tric a' beachdachadh gum biodh e luachmhor a cur an clò, agus a-nis, seo i. Ann a bhith 'a' cur *Struilleag* seachad orm', chan iarrainn na b' fheàrr na a tairgsinn mar thiodhlac-spèis do mo dheagh charaid agus mo cho-obraiche còir ann an Obar Dheathain agus ann an Dùn Èideann, an Dr

Iain Seaghach. Bhon a tha Iain na shàr eòlaiche air dualchas nan sgeulachdan air an dà thaobh den Chuan Shiar, tha mi an dòchas gun còrd an sgeulachd seo ris – agus gun innis e fhèin tè eile dhuinn ann an ruith na h-obrach! Guma fada beò Iain agus an Cùbair Collach!

English Summary

In this article, the author presents a tale told by his grand-uncle Charles MacDonald (1874–1960), whose storytelling was part of his childhood in Tìree. The tale concerns Alexander Maclean (1776–1822), the ‘Cùbair Collach’, a Coll man whose reputation as a daring whisky-smuggler made him the subject of colourful anecdotes. In this one, the Cùbair persuades a mermaid to give him two devices: a ‘wireless’ that allows him to track the exciseman’s whereabouts, and a ‘smoke-screen’ that obscures his own. The author compares MacDonald’s narrative with an outline of the same story summarised by a Coll writer, Hector MacDougall (1889–1954), who says he heard it from a Tìree man. Although it relates to an early nineteenth-century character, the story’s technological references strongly indicate that it was first told in this form in the early 20th century.

TÙSAN

Holliday, John. *Longships on the Sand: Viking and later medieval settlement on the island of Tìree*. Second edition. Tìree: An Iodhlann Press, 2021.

Kemp, Peter (ed.). *The Oxford Companion to Ships and the Sea*. Oxford: Oxford University Press, 1988.

MacDhùghaill, Eachann. ‘An Cùbair Collach: Bàrd Leathanach agus Collach Ainmeil’. *Transactions of the Gaelic Society of Inverness*, XLI (1951–52): 47–67.

Maclean-Bristol, Nicholas. *From Clan to Regiment. Six Hundred Years in the Outer Hebrides: 1400–2000*. Barnsley: Pen & Sword Military, 2017.

Maclean Sinclair, Alexander. *Na Bàird Leathanach: The Maclean Bards*. Vol. 2. Charlottetown, P. E. I.: Haszard & Moore, 1900.

Meek, Dòmhnall Eachann. *Seòl Mo Bheatha: Turas eadar Croit is Eilean is Oilthigh*. Inbhir Nis: Clàr, 2019.

Meek, Donald E. *A Croft in Caolas: A Tìree Holding and its People 1770-2020*. Falkirk: Leabhraichean Tirisdeach – Tìree Books, 2021.

www.tireeplacenames.org.